



UHI Research Database pdf download summary

Staing na Gàidhlig

Ó Giollagáin, Conchúr; Moireach, Pàdruig

Publication date:
2024

Publisher rights:
© Copyright 2024 The Authors

The re-use license for this item is:
CC BY-NC

The Document Version you have downloaded here is:
Publisher's PDF, also known as Version of record

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):
Ó Giollagáin, C., & Moireach, P. (2024). Staing na Gàidhlig. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 2021 - 2023(LXXI), 62. Article 6.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

STAING NA GÀIDHLIG

CONCHÚR Ó GIOLLAGÁIN AGUS PÀDRUIG MOIREACH (OILTHIGH NA GÀIDHEALTACHD AGUS NAN EILEAN)

Ro-ràdh

'S e amas na h-aiste seo deasbad a thogail air fianais an leabhair *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community* (GCVC: 2020a), beagan sgrùdaidh a dhèanamh air an deasbad phoballach a lean foillseachadh an leabhair, agus coimhead air an t-slighe air adhart bhon t-suidheachadh anns a bheil sinn an-dràsta. Tha ceithir pàirtean sa phàipear seo:

1. Fianais shòisealta air staid nan coimhearsnachdan Gàidhlig
2. Freagairtean oifigeil air an fhianais
3. Cnapan-starra ann a thaobh ìre na staing aideachadh, agus ro-innleachd fhreagarrach a stèidheachadh
4. Slighe a-mach às an staing.

Tha fianais bhon leabhar *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community* (GCVC) a' sealltainn gu soilleir gu bheil cor na Gàidhlig fìor ìosal anns na coimhearsnachdan eileanach ann an Alba. Gu sìmplidh, tha na coimhearsnachdan Gàidhlig a tha fhathast ann sna h-eileanan ann an staing mhòr shòisealta agus chultuirail. Thairis air còig bliadhna de rannsachadh sna h-Eileanan Siar, Stafainn san Eilean Sgitheanach agus Tiriodh, rinneadh sgrùdadh mionaideach air comasan, cleachdadh agus tar-chur (*transmission*) na Gàidhlig sna h-àiteachan anns a bheil i fhathast gu ìre air choreigin na cànan coimhearsnachd.¹ Dhearbh an rannsachadh seo le cinnt gu bheil an ìre de thar-chur eadar na ginealaichean sna h-eileanan an ìmpis stad, fiù 's anns na ceàrnaidhean agus coimhearsnachdan eileanach as làidire a tha fhathast ann, agus gu bheil na coimhearsnachdan a-nis aig an ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig ann an cunnart a dhol a-mach à bith uile-gu-lèir mar chànan an t-sluaigh sna h-eileanan taobh a-staigh 10 bliadhna (GCVC: 442), mura bi oidhirp mhòr ann gus an suidheachadh a thionndadh mun cuairt.

Chaidh aithneachadh cuideachd gu bheil feum aig na coimhearsnachdan sin air cuideachadh bho bhuidhnean ionadail agus bhon taobh-a-muigh, agus bho bhuidhnean oifigeil na Stàite ann an Alba, is gu bheil taic mhòr a dhìth orra ma thathas gu bhith soirbheachail ann an oidhirp sam bith a' Ghàidhlig a stèidheachadh sna sgìrean eileanach a-rithist. Tha e follaiseach nach eil poileasaidhean oifigeil Gàidhlig a' toirt leasachadh air an t-suidheachadh-chrìonaidh sna h-eileanan, agus mar sin tha ùghdaran an leabhair a' moladh dòigh nas deamocrataigiche gus leasachadh na Gàidhlig a chur air bhonn, stèidhichte air urrasan Gàidhlig ionadail, gus am bi guth nas motha aig Gàidheil nan eilean ann an dealbhadh agus stiùireadh poileasaidhean Gàidhlig sna sgìrean aca fhèin (GCVC: 422). Mar sin, tha an leabhar air staing na Gàidhlig a' sealltainn gu bheil beàrnan mòra ann eadar dòchas nam buidhnean oifigeil Gàidhlig agus dùbhlain shòisealta nan Gàidheal sna sgìrean ionadail aca (GCVC: 134).

¹ Tha an GCVC a' togail air obair rannsachaidh a chaidh a dèanamh ron seo aig ìre ionadail a sheall crìonadh ann am bruidhinn na Gàidhlig sna coimhearsnachdan a bha fon phrosbaig sna h-aithisgean Mac an Tàilleir *et al* 2010; agus Rothach *et al* 2016; a bharrachd air an obair rannsachaidh air fianais a' Chunntais Shluaigh a rinn Ken MacKinnon (2011, 2014). Gheibhear geàrr-chunntasan air fiosrachaidhean an GCVC ann an Ó Giollagáin *et al* 2020b agus Ó Giollagáin agus Moireach 2021.

Tha am pàipear seo a' toirt sùil air na freagairtean bho na buidhnean aig a bheil dleastanas airson Gàidhlig bho chaidh an leabhar GCVC fhoillseachadh anns an Iuchar 2020, na tha sin ag innse dhuinn mu dhòighean-obrach saoghal oifigeil na Gàidhlig ann an Alba agus mar a thathar a' diùltadh ìre na stainge aideachadh. A dh'aindeoin 's gun do mhol an leabhar slighe a-mach às an t-suidheachadh, chan eil fianais eile againn bho Bhòrd na Gàidhlig (no na buidhnean eile Gàidhlig aig a bheil dleastanas dol an sàs ann an còmhradh poblach) air aon dòigh dha-rìribh gus leasachaidhean ùra a thoirt gu buil a tha freagarrach don dùbhlain a tha ann. Mar eisimpleir, chan eil iomradh sam bith air fianais an GCVC san *Dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023–28* a dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig sa Ghiblean 2022.

Tha amasan oifigeil na Gàidhlig a' toirt aithneachadh nàiseanta do luach cultarach agus poballach nan Gàidheal. Tha an t-aithneachadh seo a' toirt chothroman ionnsachaidh do dhaoine aig gach ìre foghlaim agus a' toirt spèis do lìonraidhean soirbheachail dàrna cànan (L2), agus gu ìre an treasamh cànan (L3). Dh'fheumte aideachadh gu bheil an taic nàiseanta air fad ga cur ri cearcall-beatha (*life-cycle*) nan sgìrean Gàidhealach, agus tha na h-oidhirpean rim moladh airson nan gnìomhan a tha air a bhith ann sna raointean sin gu ruige seo.

Ach bho thàinig an GCVC a-mach, agus a dh'aindeoin na fianaise a tha ann, chan eil buidhnean oifigeil Gàidhlig air a dhol an sàs gu ìre shusbainteach anns na prìomh cheistean sòiseachànanach a bhuineas ris na coimhearsnachdan eileanach (seall Thomas Fisher 2022; Jane NicLeòid 2022; agus Ó Giollagáin *et al* 2022b). Feumar mar sin a' cheist a chur, carson a thathas a' seachnadh dèiligeadh ri staing a' chànain sna h-eileanan aig ìre oifigeil?

Dh'fhaighnich Ó Giollagáin agus Caimbeul (2021) a bheil seo a' tighinn sìos gu mì-bhreithneachadh air cùisean sòisealta nan Gàidheal? Chaidh a mhìneachadh san aiste ud mar a tha brosnachadh na Gàidhlig a' dol air adhart an-dràsta às aonais dìon a dhèanamh air na coimhearsnachdan eileanach far a bheil a' Ghàidhlig a' maireachdainn mar chainnt làitheil gu ìre. Mar sin, 's e Brosnachadh Chànain às aonais Dìon Chànain (*Language Promotion without Language Protection*)² an dòigh-obrach a tha air a bhith ann, gu h-àraidh bhon uair a chaidh Achd na Gàidhlig a chur air bhonn ann an 2005. Ged a thathas an-dràsta aig ìre oifigeil ag aithneachadh chòirichean cànan nam mion-shluaghan agus a' cruthachadh chothroman agus stòr-ionmhais, tha an *status quo* leis na h-iomairtean oifigeil Gàidhlig a' daingneachadh an t-suidheachaidh shòisealta a dh'adhbharaich crìonadh a' mhion-shluaigh sa chiad dol a-mach.³

Rinn an sgoilear Glen Sean Coulthard (2014: 19) (a bhuineas ris an dùthchas Denè ann an Canada) soilleir an dòigh-smaoineachaidh far nach bi deasbad chòirichean-cànain freagarrach gu leòr do na dùbhlain phoilitigeach agus shòisealta a tha aig a' mhion-shluaigh. A dh'aindeoin gu bheil airgead poballach ga chosg air feumalachdan cultarail a' mhion-shluaigh, chan eil an t-airgead seo a' cur ri neartan nan coimhearsnachdan dèiligeadh gu ciallach ris na dùbhlain gu lèir a th' aca. No ann am faclan eile, tha a' Ghàidhlig a' soirbheachadh gu ìre tro sholar oifigeil air tìr-mòr aig an aon àm 's a tha an cànan a' crìonadh sna h-eileanan. Tha sin a' ciallachadh nach eil na poileasaidhean oifigeil ag obair mar bu chòir sna h-eileanan agus gum feum

² Chaidh tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air a' cheist ann an Ó Curnáin agus Ó Giollagáin (2023).

³ Chaidh Bile nan Cànan Albannach fhoillseachadh air 30 Samhain 2023 (<https://www.parlamaid-alba.scot/bills-and-laws/bills/scottish-languages-bill>). An lùib na Bile seo, chaidh iomradh a thoirt air aithneachadh ùr laghail a bhuileachadh air sgìrean eadar-dhealaichte tro 'Sgìrean Gàidhlig Sònraichte' a stèidheachadh. Aig an ìre seo, chan eil e cinnteach dè tha an t-aithneachadh oifigeil a' ciallachadh do na coimhearsnachdan anns na h-eileanan far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn gu h-ionadail bho latha gu latha. Bidh e inntinneach fhaicinn an tig cumhachdan a bharrachd do na sgìrean a bheir taic phragtaigeach dhaibh dèiligeadh ris an staing shòiseachànanach anns a bheil iad.

coimhead air dòighean eile gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh an sin, dòighean a chur air bhonn a bhios a' dìon nan coimhearsnachdan Gàidhealach a tha fhathast ann.

Sgrìobh Aonghas Pàdraig Caimbeul sa *West Highland Free Press* (9 Iuchar 2021):

Oir chan eil teagamh nach eil na coimhearsnachdan dùthchasach air a bhith am fàgail air dheireadh a thaobh “leasachadh oifigeil na Gàidhlig” anns na deich bliadhna fichead a chaidh seachad.

Chan ann a-mhàin a thaobh oifisean agus obraichean, a tha buailteach air a bhith air an stèidheachadh anns na bailtean mòra, ach cuideachd (agus tha seo fada nas cudromaiche) a thaobh structar agus buaidh agus cumhachd. A dh'aindeoin 's gu bheil saorsa agus cothrom agus comas aig gach neach an guth a thogail, ma tha thu faireachdainn nach fhaigh thu èisteachd, no ma tha thu faireachdainn gu bheil na structaran agus na coinneamhan agus foirmichean is eile coimheach dhut, tha thu buailteach a bhith sàmhach. Faodaidh tu coimhead air an sin mar leisgeul no mar fhìrinn.

Tha an iomairt airson barrachd guth a thoirt dhan fheadhainn a tha fhathast a' fuireach anns na coimhearsnachdan crìonach Gàidhlig a tha air fhàgail cho ceart sa ghabhas.

1. *Fianais shòisealta air staid nan coimhearsnachdan Gàidhlig*

Rinn an leabhar GCVC sgrùdadh mionaideach air tar-chur sòisealta na Gàidhlig sna sgìrean anns a bheil i a' maireann mar chànan coimhearsnachd. Sheall toraidhean an rannsachaidh ìre na stainge sa bheil (agus anns an robh) a' Ghàidhlig mar chànan làitheil choimhearsnachdan sna sgìrean sin.

'S e feallsanachd an leabhair (ri faicinn ann an Caibideilean 1, 8 agus 9) gu bheil luchd-ionnsachaidh, ge bith càite bheil iad, agus luchd-dùthchais na Gàidhlig gu sònraichte sna h-eileanan an eisimeil a chèile, ma tha oidhirpean a' Ghàidhlig a ghlèidheadh sna h-eileanan gu bhith soirbheachail. Aig an aon àm is a thathas ga brosnachadh ann an suidheachaidhean eile, a bharrachd air brosnachadh lìonraidhean ùra luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh, tha co-bhàidh luchd-poileataigs agus buidhnean oifigeil na Stàite fìor chudromach. Chaidh a' phuing seo mu dheidhinn co-obrachaidh a dhèanamh gu math soilleir san earrann seo ann an GCVC:

In the broader context of Gaelic public policy in Scotland, it is important to recognise the different requirements of the two main Gaelic constituencies, i.e. the indigenous Gaelic community on the one hand, and other networks outside the Western Isles on the other. The marginal demolinguistic aspect of Gaelic's social reality everywhere in Scotland suggests that both constituencies require each other to survive or prosper. Without a viable indigenous Gaelic community, which is the well-spring of Gaelic cultural and linguistic heritage, the learner groups may not only struggle to acquire Gaelic, but may also lose their ethnolinguistic *raison d'être*, finding themselves in a linguistic and cultural vacuum. As analysed in Chapter 2, the ongoing economic and demographic challenges in the Western Isles and other island groups exacerbate matters. The retention of young people and young families willing to contribute to community vitality will be central to any credible strategy of revitalisation (GCVC Caib. 9, 362–63).

A thaobh fianais mun staing sa bheil a' Ghàidhlig sna h-eileanan, ann an Caibideil 2 san leabhar chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na cunntasan-sluaigh, agus tha na h-àireamhan sin a' sealltainn crìonadh mòr de luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-eileanan bho 1981 air adhart, chun na h-ìre agus nach eil neart gu leòr air fhàgail aig na coimhearsnachdan eileanach a' Ghàidhlig a stèidheachadh sna sgìrean aca a-rithist. 'S e comharra làidir sòisealta air call cànan a tha seo – dìth comais aig coimhearsnachd mion-sluaigh ath-chruthachadh a dhèanamh orra fhèin (Batibo

2005; Crystal 2000; Dorian 1981; Fishman 1989, 1991: 130; Nettle agus Romaine 2000; a thaobh Gàidhlig na h-Èireann: Ó Giollagáin *et al* 2007; agus Ó Giollagáin agus Charlton 2015).⁴ Cuideachd, sheall an sgrùdadh gun robh beàrn mhòr eadar fianais a' Chunntais Shluaigh agus cor firinneach sòisealta na Gàidhlig – gun robh beàrn eadar fianais agus firinn no ‘*Actuality gap*’ 30 puing-%. eadar ìre nan daoine a chur an cèill gu bheil comas sa Ghàidhlig aca sa chunntas-shluaigh agus an ìre aig a bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh sa choimhearsnachd (GVCV: 118), .i. eadar an fheadhainn le comas sa chànan agus an fheadhainn a bha ga bruidhinn gu cunbhalach. A bharrachd air sin, thàinig e am follais gu bheil na th' ann de neart na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd sna h-eileanan a-nis gu mòr sna buidhnean-aoise nas sine na 50 bliadhna a dh'aois.

Ann an Caibideil 3 GVCV, chaidh rannsachadh a dhèanamh air comasan cloinne fo aois na sgoile a bha a' frithealadh nan sgoiltean-àraich, agus fhuair a-mach nach robh ach mu 4% aig an robh comas-labhairt no comas-tuigse air a' Ghàidhlig nuair a thàinig iad dhan sgoil-àraich an toiseach, agus 10 leanabh aig an robh comas-labhairt mar fhileantaich a-rèir na h-aoise sin (GVCV: 99). O 's e foghlam nan sgoiltean-àraich a' chiad chothrom a bhios aig a' chloinn air an t-siostam oideachaidh, tha an fhianais sa chaibideil seo air comasan Gàidhlig nan sgoilearan a' toirt sealladh air an fheadhainn a fhuair an comasan Gàidhlig sna dachaighean aca. Tha sin a' ciallachadh nach eil a' Ghàidhlig ga bruidhinn ach aig ìre fìor ìosal ann an dachaighean eadar pàrantan agus an cuid chloinne sna h-eileanan.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air comasan deugairean ann an Caibideil 4 agus, am measg eile, fhuair a-mach gun robh cleachdadh na Gàidhlig aig ìre nas lugha na ìre an comasan sa Ghàidhlig. Thuir 20% de dheugairean gun robh iad fileanta sa Ghàidhlig (tùsanaich fhileanta, 14.3%, 43 sgoilearan; luchd-ionnsachaidh, 6%, 18 sgoilearan). Bha 5.1% de dheugairean (12 sgoilear) a' bruidhinn na Gàidhlig gu cumanta ris na pàrantan aca agus 1.3% de dheugairean (4 sgoilearan) a' bruidhinn na Gàidhlig gu cumanta ris na caraidean aca.

A' coimhead air na h-àireamhan sin, faodar a ràdh gu bheil luchd na Gàidhlig nam mion-shluagh am measg na h-òigridh, fiù' s anns na h-eileanan, far a bheil an cànan ann an suidheachadh nas làidire an coimeas ris a' chòrr de dh'Alba. Do sgoilearan a tha dà-chànanach le comas ann an Gàidhlig, tha a' Bheurla a' tighinn air uachdar mar phiarchultar (*peer culture*) na h-òigridh ann an gach àite, a' ciallachadh gun deach beagachadh (*minoritisation*) nan Gàidheal a chur an sàs ann an gach sgìre a bhuineas ris a' chruinn-eòlas shòisealta (*social geography*) aca fhèin.

Ann an Caibideil 5 agus 6, rinneadh mion-sgrùdadh ann an coimhearsnachdan ionadail Gàidhlig: Scalpaigh, Griomasaidh agus Èirisgeigh. Bha Caibideil 5 stèidhte air suirbhidh-coimhearsnachd mu chomasan, cleachdadh, fèin-aithne agus dòchasan airson na Gàidhlig san àm ri teachd. Chaidh a shealltainn ann an toraidhean na suirbhidh gum buin cleachdadh na Gàidhlig ris na buidhnean-aoise as sine sna coimhearsnachdan seo.

Ann an Caibideil 6, choimhead sinn air na seòrsaichean luchd-bruidhne eadar-dhealaichte Gàidhlig agus Beurla a tha a' fuireach sna trì coimhearsnachdan seo, agus sheall toraidhean an sgrùdaidh gum faighear tùsanaich na Gàidhlig am measg na feadhna a tha nas sine na 50 bliadhna dh'aois, an coimeas ris an fheadhainn a tha nas òige, a tha nas buailtiche a bhith air an togail leis a' Bheurla, no tro mheasgachadh an dà chànan, ach chan eil a' bhuidheann ud mheasgaichte cho pailt ri sin.

⁴ Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air dòighean-obrach an dol às àicheadh agus an t-seachnadh a bha ann am freagairtean oifigeil nan aithisgean rannsachaidh seo ann an Ó Giollagáin 2014a,b.

Rinn ùghdaran an GCVC oidhirp na sreathan eadar-dhealaichte de thoraidhean agus suirbhidhean a tharraing còmhla agus an cur ri chèile ann an Caibideil 7. A' coimhead air na h-àireamhan sin agus na toraidhean anns an fharsaingeachd, faodar a ràdh gu bheil GCVC a' tomhas gu bheil àireamh nan Gàidheal Albannach mu 11,000 ann an cruinn-eòlas coimhearsnachd na Gàidhlig, leis an luchd-labhairt as comasaiche os cionn 50 bliadhna dh'aois. A thaobh a' bheagachaidh air an do sgrìobh sinn shuas, faodar a ràdh cuideachd gu bheil srian shòisealta ga cur air Gàidheil ann an gach paraiste Gàidhealach, agus leis gu bheil bruidhinn na Beurla air thoiseach air bruidhinn shòisealta na Gàidhlig, tha fianais shoilleir againn air ceannsachadh nan Gàidheal anns na sgìrean as Gàidhealaiche a tha fhathast ann. Le bhith a' toirt feart air fianais na srèine sòisealta agus ceannsachadh nan Gàidheal, is lèir gu bheil crìochan air nas urrainn dha na Gàidheil dèanamh gus an suidheachadh aca fhèin a leasachadh:


- Leis mar a tha structaran oifigeil na Gàidhlig stèidhte ann an Alba
- Leis cho neo-fheumail 's a tha iomairtean agus poileasaidhean oifigeil na Gàidhlig an-dràsta
- Leis cho beag agus sgapte bho chèile 's a tha luchd na Gàidhlig sna h-eileanan.

A dh'aindeoin leudachadh oifigeil leasachadh na Gàidhlig ann an raointean mar fhoghlam air tìr-mòr, tha an rannsachadh a' sealltainn gu soilleir gu bheil a' Ghàidhlig mar chànain coimhearsnachd a' tuiteam às a chèile gu luath sna h-eileanan. Aig an aon àm, tha sinn a' faicinn taic do ghnòthaichean sòisealta luchd na Beurla aon-chànainach sna sgìrean Gàidhealach seo (seall mar eisimpleir, tòrr de na h-iomairtean ealain a tha air tighinn a-mach às an *Islands Deal*). Faodar mar sin coimeas a dhèanamh eadar soirbheas dealbhachadh cànan na Beurla agus dòchasan faoin lèirsinn oifigeil na Gàidhlig sna h-eileanan. Tha e follaiseach nach eil poileasaidhean leasachaidh na Gàidhlig a' buntainn ri suidheachadh a' chànain agus an staid èiginneach anns a bheil i.

Dè a-rèist a ghabhas dèanamh gus am bi làmh fada nas làidire aig coimhearsnachd na Gàidhlig air iomairtean Gàidhlig? A thaobh fianais an GCVC, is lèir nach eil dòighean-obrach bìùrocrataigeach no planadh-cànain nàiseanta gu mòran feum ann an coimhearsnachdan Gàidhlig sna h-eileanan. Ann an Caibideil 9 GCVC, thathas a' moladh gum bi poileasaidhean cànan a tha a' buntainn ris na h-eileanan an Iar gu h-àraidh a' dol an lùib modal ùr a tha stèidhte air leasachadh-coimhearsnachd. Air sàillibh nach eil brosnachadh na Gàidhlig ga dhèanamh air dòigh a chuireas ri neart na coimhearsnachd a bhith gan dìon fhèin, chan eil iomairtean freagarrach ann a tha ag amas air feumalachdan nan coimhearsnachdan. Ach tha feum air a' bheàrn eadar saoghal-leasachaidh na Gàidhlig agus na coimhearsnachdan Gàidhlig a dhùnadh agus iomairtean Gàidhlig a thoirt nas fhaisge air a' choimhearsnachd, gus am bi làmh na coimhearsnachd air an stiùir. Tha feum mar sin gum bi na buidhnean oifigeil a' dol an sàs sna coimhearsnachdan ann an dòigh nas gnìomhaiche na tha iad air a bhith a' dèanamh gu ruige seo, agus gum faigh na buidhnean oifigeil stiùir bho luchd na Gàidhlig air na poileasaidhean a dh'fhaodadh obrachadh anns na diofar choimhearsnachdan sna h-eileanan, a-rèir nam feumalachdan agus an t-suidheachaidh aca fhèin mar a tha iad fhèin gam faicinn. Bhiodh sin co-dhiù na bu dheamocrataigiche agus bheireadh e guth ann an dealbhadh poileasaidhean na Gàidhlig do na daoine a tha ga bruidhinn (gu ìre air choreigin) sna sgìrean mu dheireadh sa bheil i beò mar chainnt làitheil na coimhearsnachd.

Thathar a' moladh modal ris an canar Urras na Gàidhlig (GCVC: 425–31) gus seo a thoirt gu buil, le structar agus dleastanasan mar a chithear an seo:

1. Ùine thòiseachaidh de dh'Àth-chuimseachadh Èiginneach



5. Cosnadh sòisea-eaconamach air in-ionmhas: gnìomhachasan ùra; cothroman cosnaidh; sgeamachan taic theaghlaich; compàirteachas òigridh; calpa sòisealta is cànanach air a leasachadh

6. Cosnadh sòisea-chànanach air compàirteachas: cleachdadh dùthchasach na Gàidhlig air ath-bheòthachadh ann an teaghlaichean, ann an coimhearsnachdan agus ann an sgoiltean.

Clàr 1. Structar agus Dleastanasan Urras na Gàidhlig (Caib. 9, GCVC)

Tha am modal seo airson Urras na Gàidhlig a' gabhail a-steach:

- Fòram Riochdachail (seanadh coimhearsnachd) airson cùl-taic deamocratach agus aonta na coimhearsnachd a thoirt do dh'obair an Urrais
- Bòrd Urras na Gàidhlig (stùirichean an Urrais) airson goireasan buill na buidhne a stiùireadh agus iomairtean a cheadachadh gu buannachd na ballrachd
- Àrd-oifigearan Urras na Gàidhlig (àrd-luchd-obrach an Urrais) airson iomairtean practaigeach sòisea-eaconamach agus cultarach, pròiseactan agus modhan-taice do theaghlaichean is do choimhearsnachdan airson nan Gàidheal a stiùireadh
- Taic rannsachaidh is chomhairleachaidh (taic acadaimigeach chuimsichte) gus rannsachadh a ghabhail os làimh agus fiosrachadh a sgaoileadh dhan Urras agus do bhallrachd an Urrais.

2. Freagairtean oifigeil air an fhianais

Bho thàinig an leabhar a-mach ann an 2020, tha e ri fhaicinn nach eil na freagairtean oifigeil a tha air tighinn a-mach ag amas air susbaint nan ceistean a chaidh a thogail. A dh'aindeoin 's gun deach tòrr cho-chomhairleachaidh a chur air dòigh, mar eisimpleir aithisg Alasdair Allan agus Liam A. Crouse (2020) air na coinneamhan poballach a chaidh a stèidheachadh sna h-eileanan airson a bhith a' bruidhinn air toraidhean an leabhair, chan urrainear a ràdh gu bheil iomairtean nam buidhnean Gàidhlig agus an riaghaltais a tha an-dràsta ann eadar-dhealaichte

bhon *status quo* anns an deach an staing am mìosad.⁵ Gu ìre, tha tuilleadh den *status quo* ga thabhann anns na h-iomairtean as ùire bho 2020 air adhart, an àite sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air meud na stainge sa bheil a' Ghàidhlig agus carson a bha oidhirpean nam buidhnean oifigeil cho lag an aghaidh crìonadh a' chànain gu ruige seo (GCVC: Caib. 8; cf. Murray MacLeod 2022). Tha e follaiseach gu bheil na buidhnean Gàidhlig agus an riaghaltas fhathast airson an *status quo* a leantainn, a dh'aindeoin na fianaise bho GCVC is rannsachadh gu leòr eile a tha a' sealltainn gu soilleir meud na stainge sa bheil coimhearsnachdan na Gàidhlig sna h-eileanan

Bho 2020 a thaobh iomairtean, tha beagan ionmhais a bharrachd air a bhith ann airson planaichean oifigeil ach leis an aon lèirsinn no ro-innleachd ga toirt seachad. Mar eisimpleir, tha iomairtean co-ordanachaidh nan oifigearan Gàidhlig (2021) a' tachairt fo stiùir Shabhal Mòr Ostaig,⁶ agus tha iomairt brosnachaidh Gàidhlig aig Fearann Coimhearsnachd na h-Alba.⁷ A thaobh an t-saoghail phoileataigich, ann am manifesto a' Phàrtaidh Nàiseanta tha gealladh ann cnuasachadh air 'Inbhe na Gàidhealtachd' a bhuileachadh air sgìrean Gàidhealach (cf. Riaghaltas na h-Alba 2023).⁸ Ged a ghabh riochdairean bho na pàrtaidhean poiliteagach pàirt san deasbad phoballach a lean foillseachadh an leabhair,⁹ agus ged a dh'aithnich iad aig an àm gu bheil an cànan ann an cunnart sna sgìrean Gàidhealach mu dheireadh, cha tàinig iomairtean freagarrach gu bith an lùib nan coimhearsnachdan fhèin bhon uair sin a tha stèidhichte air lèirsinn ùir. Mar sin, a dh'aindeoin nan co-chomhairleachaidhean air fad, an deasbaid phoballaich agus phoileataigich, tha sinn air tilleadh chun an àite far an robh sinn mus deach GCVC fhoillseachadh, agus air an t-seachnadh a chaidh a dhèanamh air feumalachdan nan Gàidheal sna h-eileanan.

3. Cnapan-starra ann a thaobh ìre na staing aideachadh, agus ro-innleachd fhreagarrach a stèidheachadh

Dè na cnapan-starra a th' ann a thaobh a bhith a' toirt èisteachd oifigeil do shuidheachadh nan coimhearsnachdan eileanach ma-thà? 'S e a' chiad fhear ìre na stainge aideachadh gu poballach agus gu fosgailte, agus cha do thachair sin fhathast. 'S e an ath cheum ann an ro-innleachd earbsach na ceumannan leasachaidh a chur an cèill gu soilleir gus gach oidhirp a dhèanamh airson dèiligeadh ris an staid èiginneach.

An Riaghaltas agus an Siostam Poblach

A thaobh an riaghaltais, 's e thachair bho 2020 air adhart gun deach tuilleadh oifigearan Gàidhlig fhadastadha sna h-eileanan agus iad gu bhith ag obair taobh a-staigh seann ro-innleachd Bhòrd na Gàidhlig, agus gu bheil an riaghaltas a' cur cuideam air inbhe shamhlachail na Gàidhealtachd, ach chan eil fhios aig daoine fhathast dè bhios an inbhe shamhlachail seo a'

⁵ Cf. Aithris naidheachd a' BhBC, 'Gheall Rùnaire an Fhoghlaim gu bheil i ag èisdeachd ri feadhainn a tha a' togail dragh mun Ghàidhlig', 6 Dùbhlachd 2021: aithris mu na '... gearaineann ann nach eil cabhag gu leòr air an Riaghaltas dèiligeadh ri staing na Gàidhlig agus nach eil gu leòr air tachairt bho thàinig an riaghaltas ùr a-steach o chionn seachd mìosan'. <https://www.bbc.co.uk/naidheachdan/fbh/59557256>.

⁶ Cf. An t-Slighe air Adhart: Seiminear air-loidhne, Sabhal Mòr Ostaig, 14 Faoilleach 2022, <https://www.smo.uhi.ac.uk/an-t-slighe-air-adhart/>.

⁷ Cf. Fearann Coimhearsnachd na h-Alba: <https://www.communitylandscotland.org.uk/2021/08/new-gaelic-fund-announced-to-island-communities-to-encourage-gaelic-speaking/>.

⁸ Cf. *SNP 2021 Manifesto*, td. 66: <https://www.snp.org/manifesto/>.

⁹ Cf. Deasbad pàrlamaide a ghlèidh Alasdair Allan BPA, Motion ref. S6M-00166, National Gaelic Language Plan 2023–28, 23 Ògmhios 2021: <https://www.parliament.scot/chamber-and-committees/votes-and-motions/votes-and-motions-search/S6M-00166>.

ciallachadh gu practaigeach, a thaobh leasachadh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan eileanach.

A thaobh buidhnean oifigeil na Gàidhlig, is urrainnear a ràdh gu bheil iad stuicte aig ìre dol às àicheadh, san t-seagh 's nach do rinn riochdaire sam bith oidhirp dha-rìribh deasbad a thogail air fianais an leabhair, gus a bhith a' meòrachadh air iomairtean agus ro-innleachd ùr a bhiodh cuideachail don fheadhainn a tha beò leis an staing. Ged a chaidh iarraidh air ùghdaran an leabhair taisbeanaidhean a dhèanamh air a' chuspair agus pàirt a ghabhail ann an tòrr dheasbadaan poballach mu chor na Gàidhlig, cha do dh'iarr Bòrd na Gàidhlig no na buidhnean oifigeil as cudromaiche air ùghdaran an GCVC buaidh na fianaise air saoghal leasachadh na Gàidhlig a dheasbad riutha.

Tha seo a' sealltainn dà rud: nach eil riochdairean bhuidhnean oifigeil ag iarraidh staing a' chànain aideachadh gu h-onarach don phoball, agus nach eil diù aca iomairt no ro-innleachd ùr fheuchainn an aghaidh na stainge a bharrachd air na dòighean-obrach a bh' aca agus th' aca an-dràsta. An e dòchas Bhòrd na Gàidhlig agus saoghal leasachadh na Gàidhlig gun tèid dìochuimhne a dhèanamh air an leabhar agus air an fhianais a tha ann? Chan eil seo a' tighinn ris na h-iartrasan a bha aca gu ruige seo, agus iad air a bhith a' cumail a-mach airson bliadhnaichean cho cudromach 's a bhiodh e mion-fhiosrachadh fhaighinn air cò dha-rìribh a tha a' bruidhinn na Gàidhlig sna h-eileanan, càite bheil iad, dè an aois a tha iad is eile, gus am faigheadh iad air na poileasaidhean aca a chuimseachadh dhan rèir. An trioblaid nach aithnichear cha leigear a leas dad sam bith a dhèanamh mu deidhinn. Ma dh'fhaoidte gum bi seo math gu leòr airson luchd dol às àicheadh, ach cha dèan e feum san ùine fhada dhaibh-san na dhan fheadhainn a tha a' fulang leis an staing.¹⁰

Carson ma-thà a tha an seachnadh oifigeil sin a' tachairt?

Mura bi Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean oifigeil eile deònach a bhith fosgailte sna beachdan poblach a tha aca mu staing na Gàidhlig agus mu na ghabhas dèanamh an aghaidh na stainge, tha e nàdarrach gum bi am poball a' smaointinn nach eil diù aca a bhith a' gluasad gus poileasaidhean ùra freagarrach a stèidheachadh agus gus taic a chumail ri luchd-bruidhne na Gàidhlig sna h-eileanan.

Tha e nàdarrach gu leòr às dèidh bhliadhnaichean de shaothair às leth na Gàidhlig nach bi luchd-obrach nam buidhnean-leasachaidh oifigeil airson a ràdh nach eil cùisean a' dol cho math sna h-eileanan leis an obair a tha iad a' dèanamh, agus nach eil na rinn iad de dh'obair gu ruige seo air a bhith gu mòran feum. Ach 's e an trioblaid le dòigh-obrach a tha a' dol às àicheadh na stainge, gu bheil na buidhnean oifigeil Gàidhlig ag iarraidh a bhith a' gluasad air dà rathad aig an aon àm. Chan urrainnear a ràdh gu bheil na dòighean-obrach a bha aca gu ruige seo cho soirbheachail sin agus a bhith a' diùltadh aig an aon àm gu bheil pàirt acasan san dòigh a thàinig staing na Gàidhlig air adhart. Sin dòigh-obrach 'a' chraiceann agus a luach'. Ceangailte ri sin, tha an tròp (*trope*) oifigeil as ùire a tha aig buidhnean Gàidhlig, a-rèir coltais cha bhi na buidhnean oifigeil airson taic a chumail ri iomairtean sna coimhearsnachdan tùsanach nach tig gu dìreach bho na coimhearsnachdan fhèin an toiseach. Ach aig an aon àm, chan eil buidhnean oifigeil deònach na cumhachdan agus an stòras ionmhais a thoirt seachad don choimhearsnachd tùsanach gus am bi na neartan aca airson iomairtean a phutadh air adhart nam measg fhèin sna h-eileanan. Is e eisimpleir gu math soilleir a tha ann air an dùileachadh neo-reusanta aig buidheann oifigeil nach eil deònach taic chiallach a cho-roinn ris a' phoball. Bidh e doirbh don phoball earbsa a chur annta agus san dòigh-smaoineachaidh a tha aca. Air an làimh eile, ma

¹⁰ Ann am beachd Dunbar (2013) cha robh feum air poileasaidh shònraichte airson na 'Gàidhealtachd'.

dh'aidicheas iad gu bheil staing ann, tha iad ag ràdh riutha fhèin gu bheil pàirtean den ro-innleachd aca nach do shoirbhich leotha.

Mar sin, tha e nas fhasa a bhith leam leat mun fhianais rannsachaidh a thug na daoine seachad, seach earbsa a' phobail a thogail. Nam biodh na buidhnean Gàidhlig na bu fhosgailte agus na b' onaraiche mun fheum a tha an-dràsta ann airson leasachaidhean a tha fada nas adhartache na mar a thathar gan cur an sàs an-dràsta, bhiodh bonn-stèidh na b' fhallaine air gnothaichean. Tha an dòigh-obrach 'dol às àicheadh' a' fàgail Gàidheil nan eilean leis a' ghaoith, gun cheannardan ann aig ìrean oifigeil a dh'èisteach riutha, a bheir aire air an t-suidheachadh aca no a bheir stiùireadh agus taic dhaibh.

Tha e furasta tuigsinn gu bheil e nàdarach gu leòr do dhaoine ann an saoghal oifigeil na Gàidhlig gun a bhith ro dheònach gluasad air falbh bho dhòighean-obrach stèidhichte a tha air a bhith ann airson bliadhnaichean. A-rithist, gabhaidh a thuigsinn gum bi leisg orrasan a tha a' faighinn buannachadh a-mach às an t-suidheachadh mar a tha e a bhith a' gabhail ri molaidhean airson cùisean atharrachadh. An car a tha anns an t-seann mhaide tha e duilich a thoirt às, mar gum biodh.

Gu ìre tuigear na duilgheadasan gu h-àrd, ach leis cho èiginneach 's a tha an staing fa ar comhair chan eil sin ach a' seachnadh na cùise agus a' cur staing a' chànain ann an oisean far nach faigh i an aire a tha a dhìth, a' ciallachadh gum bi fuasglaidhean nas duilghe buileach an lorg mar a tha an ùine a' dol seachad oirnn.

Tha e a' coimhead coltach gu bheil obair-cheannachaidh no srianadh (*containment exercise*) air na deasbadaan poblach mun chùis, tro bhith a' cur cuideam air a' chlàr-ghnothach stèidhichte (dòigh obrach an *status quo*) – ath-dhearbhadh air iomairtean stèidhichte. Tha saoghal proifeiseanta na Gàidhlig a' cosg ùine gan dìon fhèin seach a bhith a' coimhead ri na beachdan a thàinig bho choimhearsnachdan eileanach mun t-suidheachadh sa bheil iad agus a tha sgrìobhte ann an dubh agus geal san GCVC. Mar sin, tha guthan Ghàidheil sna h-eileanan air am mùchadh nuair a thig e gu bhith a' cluiche pàirt ann a bhith a' dealbhadh phoileasaidhean Gàidhlig nan sgìrean fhèin. Tha a h-uile coltas ann gu bheil faireachdainn ann an saoghal oifigeil na h-Alba gu bheil fios nas fheàrr aig muinntir tìr-mòr na mar a tha aig muinntir nan eilean nuair a thig e gu suidheachadh na Gàidhlig sna h-eileanan aca fhèin agus dè bu chòir tachairt annta. Gheibhear blasad de na beachdan seo ann an deasbadaan acadaimigeach cuideachd, mar eisimpleir: 'the most likely scenario is that Gaelic will become a language of second-language speakers in specific social networks of different degrees of thickness, ..., often sustained through institutional structures' (McLeod 2020: 335). Air a' char as lugha, bhithte an dùil gum feum faighneachd don choimhearsnachd Ghàidhealach dè na beachdan a tha aca fhèin air na brùthaidhean sòisealta agus poileataigeach a stiùir cùisean chun na staid seo agus nach eil de roghainn ann ach gabhail ri lèirsinn as aonais luchd-bruidhne tùsanach a' chànain?

Dh'fhaodadh duine a ràdh gu bheil dòigh-obrach an neo-aire sin a' dèanamh dimeas mòr air luchd na Gàidhlig sna h-eileanan. Thog iad an guthan gu h-onarach agus gu fialaidh ann an suirbhidhean, agus conaltraidhean eile,¹¹ an GCVC agus cha deach feart mar is còir a thoirt orra aig ìrean oifigeil gu ruige seo.

Le sin, tha feum ann a-nis gluasad air adhart bho phoileasaidhean neo-optamach (*non-optimal*) a tha stèidhichte air droch bhreithneachadh air an t-suidheachadh mar a tha e. A-rithist, chan eil na tha a' tachairt an-dràsta ach leasachadh cànan (gu nàiseanta) às aonais dìon an luchd-bruidhne gu h-ionadail (sna h-eileanan). Tha an *idée fixe* no beachd stèidhichte biùrocraigeach seo sna planaichean cànan a' ciallachadh tàmh oifigeil anns na h-oidhirpean

¹¹ Cf. GCVC: 274–85.

a tha aig na buidhnean poblach. Air sàillibh seo, tha iad buailteach a bhith gan dìon fhèin agus na poileasaidhean aca an àite aghaidh a thoirt air na dùbhlain a tha an lùib na fianaise ùire mu staing nan coimhearsnachdan tùsanach. Tha seo a' leantainn chun an t-suidheachaidh far a bheil slighe dhùinte ga cruthachadh eadar buidhnean oifigeil na Gàidhlig agus na coimhearsnachdan a bhruidhneas i bho latha gu latha. Sgrìobh Gòrdan Camshron (2021: 241–42):

Why are traditional or indigenous Gaelic communities not thriving in the era of national Gaelic plans and how can this be addressed? Gaelic development in urban, more populated areas of Scotland – broadly – is primarily linguistic, extending to Gaelic as symbol, as educational currency and as an atomised, individualist pursuit. ... The way things are now is not OK. If the future of Gaelic lies in shallow national or international networks (e.g. MacLeod and Smith-Christmas, 2018: 9; McLeod, 2019: 144) then the focus tilts away from the townships and districts which still bear the responsibility of producing Gaelic speakers in numbers while the wider national Gaelic-medium education (GME) project catches up to the crisis. This in turn tilts the focus away from developmental priorities of infrastructure and demography that create resilient, sustainable communities of place.

Bòrd na Gàidhlig agus saoghal oifigeil na Gàidhlig san fharsaingeachd

A' tilleadh gu Bòrd na Gàidhlig agus na buidhnean oifigeil, sheall am Bòrd gu ruige seo gu bheil na freagairtean aca air an cuingealachadh do dh'iomairtean ionmhais, .i. airgead a thoirt seachad do chliant (clients) sònraichte seach meòrachadh air ro-innleachd ùr a chruthachadh gus dol an sàs sna prìomhachasan as cudromaiche – taic a chumail ris na coimhearsnachdan a tha ann an staing.

A thuilleadh air sin, tha na dùbhlain a leanas anns a' chùis:

- Cha deach aire a bha onarach gu leòr a thoirt air toraidhean agus molaidhean an GCVC ann an saoghal leasachadh na Gàidhlig a dh'aindeoin nan oidhirpean a chaidh air adhart a thaobh cùisean 'co-chomhairleachaidh'.
- Bhon uair a chaidh GCVC fhoillseachadh, tha na buidhnean oifigeil air airgead poblach a bharrachd a chosg gus leasachaidhean agus deasbad nas susbaintiche a mhùchadh: '*Killing reform with kindness*' – tha easbaidhean sna poileasaidhean gu ìre mhòr air an cleith le airgead poblach, oifigearan Gàidhlig a bharrachd a chaidh fhastadh sna h-eileanan airson a bhith ag obair an lùib ro-innleachd stèidhichte Bhòrd na Gàidhlig bhon uair a bha deasbad mun GCVC ann (faic gu h-àrd), agus mar sin tha dìth aire air feumalachdan a' phobaill san dòigh-obrach stèidhichte – 'gnothaichean air ais chun na h-àbhaist'.
- An lùib an neo-aire air an staing, tha an dà chuid doilleireachd oifigeil agus miann smachdail a' tighinn gu bàr ann an dòighean-obrach oifigeil; tha seo air duilgheadas mòr adhbharachadh san t-seagh 's gu bheil na buidhnean oifigeil ag iarraidh smachd a chumail air an deasbad phoblach agus gun a bhith deònach gabhail ris na dleasan aca airson na pàirte aca fhèin san staing.

Faodar a ràdh gu bheil an t-sàmhchair bho na buidhnean Gàidhlig a' ciallachadh gu bheilear a' toirt cus ùmhlachd don t-suidheachadh mar a tha e agus do na dòighean-obrach oifigeil a tha ann. Air sàillibh nan dòighean smachdail leis an deach cùisean co-chomhairleachaidh a làimhseachadh, tha crìochan ro theann gan cumail air an deasbad phoblach agus tha sin a' toirt air daoine gun a bhith a' beachdachadh gu firinneach air an staing anns a bheil iad. San àrainneachd-obrach seo, tha e ro fhurasta aontachadh ri dòighean-obrach neo-optamach agus gabhail ris na sruthan-airgid a tha a' tighinn bhon riaghaltas gun cheasnachadh mun

bhuannachd a thig asta. Air sgàth sin, tha dìth fiùghantachd (*dynamism*) sna dòighean-obrach aca mu choinneamh dùbhlain ùra. Càite bheil a' cho-bhàidh am measg nam buidhnean oifigeil Gàidhlig riutha-san a tha a' faireachdainn gu bheil iad dùinte a-mach à saoghal leasachadh na Gàidhlig?

An Saoghal Acadaimigeach

San t-saoghal acadaimigeach, tha deasbad àrd-phròifil air a bhith a' tachairt bho 2020 (cf. *Scottish Affairs* 30.2 agus 31.1), le guthan eadar-dhealaichte, tòrr aca a' dìon an dà chuid: a) deasbadaan stèidhichte acadaimigeach (cf. McLeod *et al* 2022; Nance 2021), agus b) *an status quo* a bhuineas ri leasachadh na Gàidhlig (cf. Armstrong 2019, 2021a). Tha duilgheadas aig feadhainn de na h-acadaimigich ann an oilthighean sònraichte ge-tà (McLeod *et al* 2022), leis gu bheil an suidheachadh aca fhèin, maille ris an lèirsinn acadaimigeach, ro dhlùth ris na dòighean-obrach oifigeil, stèidhichte. Sgrìobh Ó Curnáin agus Ó Giollagáin (2021) nam freagairt air Nance (2021):

The review (Nance 2021) concludes by circumscribing the relevance of the survival of the L1 community and by (re)asserting L2 discursivism in a hypothesised desocialised and post-geographic 'Gaelic speakerdom'. Such fashionable newly coined academic abstractions offer little relevance or assistance to L1 Gaelic speakers having to speak English in their everyday lived experience in historically Gaelic regions where Gaelic was until recently dominant.

Bha na lèirmheasan a sgrìobh Mac Giolla Chríost (2022) agus Mac an tSionnaigh (2020) ag amas air fianais, co-dhùnaidhean agus molaidhean an leabhair, seach air deasbad air na puingeas a chaidh a thogail sna meadhanan agus sna buidhnean oifigeil mun cuairt air an leabhar. Tha tòrr den deasbad seo stèidhichte air puingeas nach eil san GCVC, ge-tà, agus is ann bho bhuidhinn bhig acadaimigich a thàinig tòrr de na puingeas seo sa chiad àite.

Tha cunnart ann gun tig deasbad dùinte, cearcallach bhon t-suidheachadh seo a bhios ro dhìleas do na seann dòighean-obrach stèidhichte (agus gum bi leasachaidhean ceadaichte na Stàite fo bhuaidh meòrachadh-buidhne no *groupthink* aig an àm èiginneach seo). Tha e follaiseach gu bheil feum air gluasadan deimhinneach airson fuasgladh fhaighinn air neo-aonta no cnapan-starra an latha an-diugh. Cha tig sin idir le bhith a' glasadh dhaoine a-mach à deasbadaan poballach. Mar eisimpleir, nuair a chaidh co-labhairt a chumail air 'An t-Slighe air Adhart' don Ghàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig san Fhaoilleach 2022, cha deach rannsachadh an GCVC a dheasbad.¹² An e dòchas luchd-taice an *status quo* gun tèid an suidheachadh a dhìochuimhneachadh mura canar càil mu dheidhinn na stainge?¹³

Ann an saoghal acadaimigeach na Gàidhlig, chì sinn ma-thà gu bheil seachnadh a' tachairt gu ìre mhòr, 's e sin nach eilear airson aideachadh gu bheil leithid de staing ann agus mar sin chan eilear a' moladh slighe air adhart don chànan sna h-eileanan stèidhte air fianais shoilleir a nochd san obair rannsachaidh. An àite a bhith a' dèanamh sin, no a bhith a' coimhead air an fhianais agus a' toirt am beachd fhèin seachad air dè bu chòir dèanamh gus gnothaichean a leasachadh

¹² Sgrìobh Iain MacKinnon (2022) na leanas sa *West Highland Free Press* (6 Faoilleach 2022, Sabhal Mòr Ostaig Debating the path forwards for Gaelic): 'Last month the Free Press described the Soillse study as 'perhaps the most important Highland book of the twenty-first century'. Unfortunately, the Sabhal Mòr organised event has not found space for any of the Soillse authors in the An t-Slighe air Adhart panel. ... The process of dialogue will be assisted if a forum for debate can be created that facilitates the equitable inclusion of the full range of informed voices and opinions'.

¹³ Chuir sgioba Soillse OGE co-labhairt air dòigh ann an Steòrnabhagh eadar 29–31 Lùnastal 2022: ' . Gheibhear Aithris na Co-labhairt aig an làrach: <http://www.soillse.ac.uk/aithris-na-co-labhairt/>.

sna h-eileanan, thathas a' cur car anns na chaidh a sgrìobhadh agus ag ràdh gu bheil na h-ùghdaran an aghaidh luchd-ionnsachaidh agus mar sin ag adhbharachadh 'sgaradh' ann an saoghal na Gàidhlig. Tha casaidean gun bhrìgh ann mun GCVC a bhith ag adhbharachadh 'sgaraidhean' (Armstrong 2021b). Rinn an aon ùghdar, ann an co-bhanntachd le sgrìobhadairean eile, argamaid fhaoin eile gun robh feadhainn air an dùnadh a-mach à saoghal nan Gàidheal (Armstrong *et al* 2022), air sàillibh na h-aire a bha ga dèanamh air feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach. Agus air Aithris na Maidne (10/7/2020), thug an t-Àrd-Ollamh Rob Dunbar a bheachd mì-reusanta seachad air an leabhar, ged a dh'aidich e air a' phrògram nach robh e air a leughadh.¹⁴ Nam biodh e air a leughadh, bhiodh fios air a bhith aige gum tuirt ùghdaran an GCVC (td. 362) gu soilleir gu bheil luchd-ionnsachaidh agus na Gàidheil sna h-eileanan an eisimeil air a chèile.

Ma chuireas sinn deasbadan acadaimigeach gu aon taobh, feumaidh sinn faighneachd càite bheil sealladh luchd na Gàidhlig sna h-eileanan (a bharrachd air riochdairean nam buidhnean oifigeil) san deasbad mu staing na Gàidhlig? Is e an teachdaireachd a tha san dòigh-obrach seo gum bi cùisean Gàidhlig gan deasbad às aonais nan Gàidheal sna h-eileanan. Ciamar is urrainnear a bhith an dùil gum bi na Gàidheil sna h-eileanan deònach pàirt a ghabhail ann an pròiseactan rannsachaidh mun Ghàidhlig mura faigh iad èisteachd aig ìre oifigeil agus acadaimigeach? Càite bheil a' bhuannachd ann dhaibh-san san t-seachnadh a tha an-dràsta ann?

Is e an laigse as motha anns na freagairtean acadaimigeach air an GCVC nach deach a' mhòrchuid de dh'fhianais san leabhar a dheasbad ann an lèirmheasan sònraichte. Is mòr an ùidh a bha aig feadhainn san deasbad mun cuairt an leabhair seach toraidhean, co-dhùnaidhean agus molaidhean an rannsachaidh fhèin. San lèirmheas a sgrìobh McLeod *et al* (2022), sheachainn iad an dà chuid an anailis air laigsean ann an saoghal-leasachaidh a' chànain agus a' bhuidhe shòisealta a tha aig iomairtean nach eil a' cuimseachadh air na Gàidheil bho thùs sna coimhearsnachdan (seall cuideachd Ó Giollagáin agus Caimbeul 2021).

Am measg nan duilgheadasan a tha ann am McLeod *et al* (2022), a-rèir mar a chaidh a mhìneachadh ann an Ó Giollagáin *et al* (2022), tha:

- Dearmad ga dhèanamh air feumalachdan nan coimhearsnachdan tùsanach agus air maoinachadh cothromach de thaic phoballach eadar na coimhearsnachdan eadar-dhealaichte.
- A thaobh nan casaidean air molaidhean GCVC a rinn McLeod *et al*, chan eil iad a' moladh rud sam bith a bharrachd air na leasachaidhean agus iomairtean a tha an-dràsta ann – barrachd den aon rud a dh'aindeoin ìre na stainge.
- Tha dìth cèille sna h-argamaidean aca nach eil còir againn a bhith a' mìneachadh ìre na stainge stèidhichte air fianais an rannsachaidh, air eagal is gum bi sinn a' cur iomagain air an fheadhainn a tha an sàs ann an iomairtean Gàidhlig, gu h-àraidh nuair a tha iad fhèin a' gabhail ris an dòigh-leasachaidh a tha coma co-dhiù mu chrìonadh deireannach nan coimhearsnachdan Gàidhlig sna h-eileanan; tha e an aghaidh reusan sam bith a bhith a' càineadh an GCVC nuair a tha iad fhèin a' seachnadh staing nan Gàidheal agus a' cur ris a' bhriseadh-dùil mu shuidheachadh na Gàidhlig anns na h-eileanan.
- Chan eil mòran brìgh anns na tha aca ri ràdh mu dheidhinn dùbhlain èiginneach shòisealta nan coimhearsnachdan tùsanach mu dheireadh a tha air fhàgail.
- Cha tug McLeod *et al* mìneachadh seachad air dè thachras do bheothalachd cultar agus cànan na Gàidhlig mura bi coimhearsnachdan tùsanach ann an Alba.

¹⁴ Cf. an t-agallamh a thug An t-Àrd-Ollamh Dunbar air Aithris na Maidne (BBC) do Dhòmhnall Moireasdan air an 10 Iuchar 2020.


- Le bhith a’ cur teagamh ann am beachdan air dè tha ann an tùsanach, coimhearsnachd agus fèin-aithne nan Gàidheal, tha iad a’ feuchainn ri làmh an uachdair fhaighinn air an deasbad. Na àite, tha iad ag iarraidh fèin-aithne phearsanta ùr a chruthachadh a tha neo-eisimeileach air a’ chomann shòisealta a bhuineas ris na Gàidheil an-dràsta. Tha na h-oidhirpean acadaimigeach seo mar aon phàirt den dì-chumhachdachadh air an fheadhainn aig a bheil fèin-aithne bhuidhneil (*collective*) Ghàidhealach.

4. Slighe a-mach às an Staing

Tha saoghal na Gàidhlig an-dràsta aig crois-rathaid: an cumar leasachadh na Gàidhlig a’ dol a rèir prionnsabalan nua-libearalach no am feuchar ri ro-innleachd ùr a stèidheachadh a bhios nas fhaisge air feumalachdan nan coimhearsnachdan? Seo mar a tha nua-libearalas (*neo-liberalism*) na Gàidhlig aig obair agus na trì pàirtean na lùib:

- Aithneachadh oifigeil na Gàidhlig a tha a’ cur ri luach samhlauchail a’ chànain san fhèin-aithne phoileataigeach ann an Alba
- Planadh inbhe na Gàidhlig, a tha air a lìbhrigeadh tro phlanaichean biurocratach nam buidhnean oifigeil, maille ris a’ Ghàidhlig a bhith ga brosnachadh ann an earrannan poblach, .i. foghlam, na h-ealain, na meadhanan, dualchas
- Siostam-cliant an Earrannachais (*sectoral client system*) ga chur gu feum tro phròiseactan nam buidhnean Gàidhlig agus do luchd com-pàirteachais nan earrannan.

Tha an siostam-cliant nua-libearalach seo cuideachail do na cliantan agus na buidhnean anns an t-siostam, ach chan eil e soilleir dè na buannachdan a th’ ann do na daoine taobh-a-muigh an t-siostaim sin. Às aonais aire cheart ro-innleachdail air feumalachdan coitcheann choimhearsnachdan na Gàidhlig, chan eil e soilleir ciamar a thig piseach air gnothaichean mar a tha iad. Tha an siostam seo ga chur an cèill ann an Clàr 2:



Clàr 2: Nua-libearalas leasachadh oifigeil na Gàidhlig

Thug Bonaventura de Sousa Santos (2014: 239–40) iomradh air mar a chaidh foghlam agus tuigsean neo-iomchaidh an t-saoghail adhartach a phutadh air an Treasamh Saoghal. A bheil leasan an seo airson nan cànanan beaga mar a’ Ghàidhlig? Is e sin, a bheil dòighean-leasachaidh, gun a bhith stèidhichte mar is ceart ann an cor sòisealta luchd-bruidhne *in situ* a’ mhion-chànain, gan sparradh orra? Sgrìobh de Sousa Santos mu dheidhinn nan daoine a tha gan glasach a-mach à oidhirpean gus fuasglaidhean fhaighinn air na duilgheadasan a tha aca:

To experience the world as one's own is to experience the world as a set of problems in whose solutions one can meaningfully participate. The Western-centric abyssal line has historically excluded large segments of populations and ideas from experiencing the world as their own and thus from actively participating in its transformation. They could not possibly be problem solvers since they themselves were the problem.

Airson slighe a-mach às an staing, seo na bu chòir tachairt:

- Am measg luchd poileataigs: ìre na stainge agus easbhaidhean nan dòighean-leasachaidh a tha an-dràsta ann aideachadh agus slighe ùr a cheadachadh
- Am measg àrd-sheirbheisich chatharra: ath-bhreithneachadh air buaidh nam poileasaidhean Gàidhlig agus dòighean-obrach neo-optamach (*non-optimal*) aideachadh
- Am measg a' phobaill: am mì-thoileachas aca mun t-suidheachadh a chur an cèill gu follaiseach do cheannardan ann an saoghal oifigeil na Gàidhlig seach nach eil na leasachaidhean a tha ann an-dràsta freagarrach don chor èiginneach a tha aca.

Ach a bheil dòchas ann gun tachair fear sam bith aca?

Aig an ìre seo, tha sinn a' faicinn gu bheil dà roghainn aig na Gàidheil sna h-eileanan a-rèir mar a tha gnothaichean an-dràsta. Faodaidh iad gabhail ri dòchas pragmatach na Stàite gur e cànan sgoile no cànan nan taisbeanaidhean cultarach a bhios sa Ghàidhlig, is e sin gèilleadh dhan lèirsinn oifigeil a thaobh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Stèidhichte air an *status quo*, tha an lèirsinn seo ag aideachadh, cha mhòr, nach urrainnear dad sam bith a dhèanamh mu shìoladh às nan coimhearsnachdan Gàidhlig, agus gabhail ris nach bi ann an uair sin ach fèin-aithne dàrna cànan na Gàidhlig (cf. McLeod 2018: 86, 2020: 333–35).

Tha roghainn eile ann ge-tà a bhuineas ri ceumannan a ghabhail gus bonn deamocrataigeach a stèidheachadh air ro-innleachd bhon phoball. San t-seagh seo, bhiodh am poball ag iarraidh air an Stàit an cuideachadh san staing anns a bheil iad gus iomairtean taic a chur air dòigh a tha freagarrach do na feumalachdan aca.¹⁵ Is lèir gu bheil seo an crochadh air an Stàit a bhith nas bàidheile riutha agus ris na feumalachdan aca. Ma thig sin gu bith, bidh co-obrachadh mar is ceart eadar na Gàidheil bho thùs, lìonraidhean dàrna cànan, agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus bidh fòcas cuimsichte air lìonraidhean luchd-bruidhne de gach seòrsa. Bidh an dòigh-obrach seo a' cumail ris a' chomhairle a thug Lewis agus Simons (2016) seachad mu aire a chumail air lìonraidhean luchd-bruidhne (ìrean 8 – 6 san *Expanded Graded Intergenerational Disruption Scale*), seach air structaran foirmeil neo-thorrach.

Ma tha an dàrna roghainn a' dol a thachairt feumaidh guthan agus beachdan eadar-dhealaichte a bhith air am fiathachadh a-steach don deasbad, le co-inbhe agus co-ionannachd nan com-pàirtichean san deasbad. Bu chòir an deasbad a bhith fosgailte, le saorsa-labhairt don h-uile com-pàirtiche, gun eagal a bhith orra a bhith a' bruidhinn a-mach agus casaidean mun *status*

¹⁵ Sgrìobh Brian Wilson san Stornoway Gazette (18/11/2023): '... both Scottish and Irish Gaeltachts consist not of millions of people, or hundreds of thousands, but of a few tens of thousands on whom the survival of each as living, community languages depends. These are micro communities requiring micro solutions. The question is how best to deliver them. The statistics, in terms of both depopulation and linguistic marginalisation, suggest that nothing to date has worked very well. So it might be thought prudent to consider another option which would be to devolve policy down to the lowest possible levels in order to facilitate the best possible outcomes'. <https://www.stornowaygazette.co.uk/business/two-sides-of-the-same-celtic-coin-4414738>.

quo a chur an cèill ma 's e sin am beachd a tha aca.¹⁶ Bheireadh sin cead do na h-uile duine aig a bheil ùidh sa ghnothach a g(h)uth a thogail, agus bhiodh cothrom ann an uair sin briseadh tron chnap-starra a th' ann an-dràsta agus gluasad air adhart tro bhith a' leudachadh deamocrasaidh na Gàidhlig. A-mach às a' phròiseas seo, bhithte an dòchas gun tigeadh na leanas am bàrr: a) pròiseas ùr co-chomhairleachaidh anns am bi deasbad firinneach air gnothaichean gus ullachadh airson leasachaidhean ro-innleachdail. Airson seo bidh feum air: a) fòram poblach airson beachdachadh air ro-innleachd ùr Ghàidhlig sna h-eileanan; agus b) buidheann-obrach anns am bi riochdairean coimhearsnachd, seirbheisich chatharra agus acadaimigich airson dòighean-obrach ùra a chur air chois.

Am measg amasan a' phròiseis ùir co-chomhairleachaidh, bidh feum air co-aonta cothromach eadar saoghal oifigeil na Gàidhlig agus coimhearsnachdan eadar-dhealaichte Gàidhlig:

- Coimhearsnachd dhùthchail na Gàidhlig ann an èiginn sna h-eileanan
- Lìonraidhean dùthchail na Gàidhlig ann an sgìrean eile sa Ghàidhealtachd agus sna h-eileanan
- Lìonraidhean Gàidhlig ann an sgìrean eile, gu h-àraidh sna bailtean mòra
- Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig anns gach àite.

Co-dhùnadh

Aig a' cheann thall, bhiodh e na bhuannachd mhòr do na h-uile duine aig a bheil ùidh sa chànain (agus ann an leasachadh a' chànain san fharsaingeachd) coimhearsnachdan fallain Gàidhlig fhaicinn sna h-eileanan. Bhiodh buannachdan ann don fheadhainn a tha ag obair ann an saoghal na Gàidhlig – bhiodh toraidhean an saothair sna h-eileanan rim faicinn, agus bhiodh coimhearsnachdan Gàidhlig na bu sheasmhaiche ann. Chumadh sin taic ris an òigridh Ghàidhealach agus ri daoine a tha ag ionnsachadh no aig a bheil ùidh ann an cor a' chànain agus sa chultar bheò.

Ma tha ceist na Gàidhlig sna h-eileanan gu bhith air a seachnadh aig ìre oifigeil, tha e gu bhith fada nas duilghe feuchainn ris an t-suidheachadh a leasachadh san àm ri teachd. Bidh cunnart ann an uair sin gum bi poileasaidhean agus buidhnean Gàidhlig a' maireachdainn nas fhaide na tha na coimhearsnachdan eileanach a bhruidhneas an cànan. Ma thachras sin, tha dà cheist a' nochdadh:

- Dè feum a bhios ann do dhaoine an cànan ionnsachadh?
- Agus co mheud a dh'ionnsaicheas cànan nach eil ga bruidhinn aig poball tùsanach?

Ma leanas an crìonadh air coimhearsnachdan dùthchail na Gàidhlig bidh nas lugha de dh'fhileantaich air fhàgail airson cur ris a' chultar Ghàidhealach agus ri saoghal leasachadh na Gàidhlig eadar foghlam is eile, a' ciallachadh gum bi e nas duilghe adhartas brìoghmhor agus subsainteach a dhèanamh.

Mar sin, mar as luaithe a thèid ro-innleachd chiallach ùr fheuchainn anns na h-eileanan a thaobh cor na Gàidhlig 's ann as fheàrr. Tha luchd na Gàidhlig air fad airidh air sin – eadar tùsanaich, lìonraidhean dàrna cànan agus luchd-ionnsachaidh.

¹⁶ Tharraing obair dhotarail Ghòrdain Chamshroin (2023) aire air a' phuing seo, gu bheil eagal air feadhainn a tha an sàs ann an saoghal na Gàidhlig bruidhinn a-mach gu h-onarach mun t-suidheachadh a tha an-dràsta ann air eagal is gum bi iad a' dèanamh cron air an t-suidheachadh-obrach aca.

Tùsan

- Allan, A. (BPA) agus Crouse, L. A. (2020) *Community Conversations on the Future of the Gaelic Language within the Vernacular Community*. Dùn Èideann: Aithisg a chaidh a cur an làthair aig Àrd-choinneimh Mhinistireil na Gàidhlig, 17 Dùbhlachd 2020.
- Armstrong, T. (2019) ‘Why I decided to become a Gael’, Air Cuan Dubh Drilseach, 6 Iuchar 2019. <https://drilseach.net/2019/07/06/why-i-decided-to-become-a-gael/>.
- Armstrong, T. (2020) ‘What is a Gael?’, Air Cuan Dubh Drilseach, 18 Dùbhlachd 2020. <https://drilseach.net/2020/12/18/what-is-a-gael/>.
- Armstrong, T. (2021a) ‘Long-term, is Gaelic viable a network language?’, Air Cuan Dubh Drilseach, 28 Cèiteann 2021. [https://drilseach.net/2021/05/28/long-term-is-gaelic-viable-as-a-network\[1\]language/](https://drilseach.net/2021/05/28/long-term-is-gaelic-viable-as-a-network[1]language/).
- Armstrong, T. (2021b) ‘Eugsamhlachd ann an Saoghal na Gàidhlig’, Air Cuan Dubh Drilseach, 18 Dùbhlachd 2021. <https://drilseach.net/2021/12/18/eugsamhlachd-ann-an-saoghal-na-gaidhlig/>.
- Armstrong, T., McLeod, W., Dunbar, R., Dunmore, S. O’Rourke, B. & Macleod, M. (2022) ‘Gaelic and identity: a response to Iain MacKinnon’. *Scottish Affairs* 31(1), 64–83.
- Batibo, H. (2005) *Language Decline and Death in Africa: Causes, consequences and challenges*. Clevedon: Multilingual Matters.
- Bòrd na Gàidhlig (2022) *Dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023–28 / Draft National Gaelic Language Plan 2023–28*. Inverness: Bòrd na Gàidhlig. <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/04/BnG-consult-NLGP-F.pdf#:~:text=Bho%2027%20Giblean%202022%2C%20tha%20an%20dreachd%20de,am%20faighear%20cothrom%20freagairtean%20agus%20beachdan%20a%20thogail>. Caimbeul, A. P. (2021) ‘Seo an càr... agus seo an einseann’, *West Highland Free Press* (9 Iuchar 2021).
- Camshron, G. (2021) ‘Resisting dismissal in the Gàidhealtachd’. *Scottish Affairs* 30(2), 240–250.
- Camshron, G. (2023) ‘Language and Culture as a Societal Asset: Strategic alignment of language policy to a sustainable socio-economic market for Gaelic’. Tràchdas PhD, Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.
- Coulthard, G. S. (2014) *Red Skin, White Masks: Rejecting the Colonial Politics of Recognition*. Minnesota: University of Minnesota Press.
- Crystal, D. (2000) *Language Death*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Dorian, N. (1981) *Language Death: The Life Cycle of a Scottish Gaelic Dialect*. Philadelphia: University of Pennsylvania Press.
- Dunbar, R. (2013) ‘A bheil feum againn air poileasaidh ‘Gàidhealtachd’ airson na Gàidhlig?’ In *Rannsachadh na Gàidhlig 6*. Eds McGuire, N. & Ó Baoill, C. Obar Dheathain: An Clò Gàidhealach, 373–392.
- Fisher, T. (2022) ‘The heartlands demand special attention’, *The West Highland Free Press*, 4 Gearran 2022.
- Fishman, J. (1989) *Language and Ethnicity in Minority Sociolinguistic Perspective*. Clevedon, England: Multilingual Matters.
- Fishman, J. (1991) *Reversing Language Shift: Theoretical and empirical foundations of assistance to threatened languages*. Clevedon: Multilingual Matters.
- Lewis, M. P. agus Simons, G. (2016) *Sustaining Language Use: Perspectives on community-based language development*. Dallas, Texas: SIL International.
- Mac Giolla Chríost, D. (2022) ‘Review: Conchúr Ó Giollagáin *et al*, *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community. A Comprehensive Sociolinguistic Survey of Scottish Gaelic*’. *Journal of Celtic Linguistics* 23: 205–212.

- MacKinnon, I. (2022) ‘Sabhal Mòr Ostaig: Debating the path forward for Gaelic’, *West Highland Free Press*, 6 Faoilleach 2022: ‘The process of dialogue will be assisted if a forum for debate can be created that facilitates the equitable inclusion of the full range of informed voices and opinions’. <https://www.whfp.com/2022/01/06/sabhal-mor-seminar-debating-the-path-forwards-for-gaelic/?fbclid=IwAR1jNQOsS2rpxB8ZT-YZQe4HQ-qOCTwr5HdVHKw8YtCm0L2PvCcy0i07t-c>.
- MacKinnon, K. (2011) ‘Runaway language shift: Gaelic usage in home, community and media in the Isle of Skye and Western Isles, 1986/8, 1994/5 and 2004/5 – any prospects for reversal’. *A’ cleachdadh na Gàidhlig: slatan tomhais ann an dìon cànan sa choimhearsnachd*. Eds Cox, R. & Armstrong, T. Sabhal Mòr Ostaig: Clò Ostaig, 201–226.
- MacKinnon, K. (2014) ‘A language on the move: geographical mobility of Gaelic speakers in contemporary Scotland’. *Journal of Celtic Linguistics* 15 (1), 53–68.
- MacLeòid, M. (2022) ‘Tha Murray MacLeòid a’ meòrachadh air an t-slighe air adhart dhan Ghàidhlig’, *The Scotsman*, 14 Faoilleach 2022. <https://www.scotsman.com/news/opinion/columnists/chan-eil-an-eas-aonta-ann-an-saoghal-na-gaidhlig-na-chuideachadh-3525646>.
- Mac an Tàilleir, I., Rothach, G. agus Armstrong, T. (2010) Barail agus Comas Cànan. Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig. <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/Rothach-et-al.-2010-Barail-comas-CR09-02-Attitude-ability.pdf>.
- Mac an tSionnaigh, S. (2021) ‘In defence of the Gàidhealtachd’. *Dublin Review of Books* (An Giblean 2021). Lèirmheas / Review Essay on the *Gaelic Crisis in the Vernacular Community*. <https://drb.ie/articles/in-defence-of-the-gaidhealtachd/>.
- McLeod, W. (2018) ‘New speakers of Gaelic: a historical and policy perspective’. *Gaelic in Contemporary Scotland: The revitalisation of an endangered language*. Eds MacLeod, M. & Smith-Christmas, C. Dùn Èideann: Edinburgh University Press, 79–93.
- McLeod, W. (2019). ‘The nature of minority languages: insights from Scotland’. *Multilingua* 38(3): 141–154.
- McLeod, W. (2020) *Gaelic in Scotland: Policies, movements, ideologies*. Dùn Èideann: Edinburgh University Press.
- MacLeod, M. agus Smith-Christmas, C. (Eds) (2018). *Gaelic in Contemporary Scotland: The revitalisation of an endangered language*. Dùn Èideann: Edinburgh University Press.
- McLeod, W., Dunbar, R., Macleod, M., O’Rourke, B., Dunmore, S. & Armstrong, T. (2022) ‘Against exclusionary Gaelic language policy: a response to Ó Giollagáin and Caimbeul’. *Scottish Affairs* 31(1), 84–103.
- Nance, C. (2021) ‘Review of Ó Giollagáin *et al.* 2020’. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*. DOI: 10.1080/01434632.2021.1884942. Nettle, D. and Romaine, S. (2000) *Vanishing Voices: The Extinction of the World’s Languages*. Oxford: Oxford University Press.
- NicLeòid, J. (2022) ‘Regional autonomy for the Gaelic communities overlooked’, *West Highland Free Press*, 28 Faoilleach 2022.
- Ó Curnáin, B. agus Ó Giollagáin C. (2023) ‘Minority language protection and promotion’. *The Routledge Handbook of Language Policy and Planning*. London: Routledge. (2023: 396–415) DOI: 10.4324/9780429448843-33. Ó Curnáin, B. agus Ó Giollagáin C. (2021) ‘Reply to Claire Nance’s review: *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community: A comprehensive sociolinguistic survey of Scottish Gaelic* by Conchúr Ó Giollagáin *et al.* Aberdeen University Press, 2020’. *Journal of Multilingual and Multicultural Development*. <https://doi.org/10.1080/01434632.2021.1927513>
- Ó Giollagáin, C. (2014a) ‘Unfirm ground: a re-assessment of language policy in Ireland since independence’. *Language Problems and Language Planning* 38(1), 19–41.

- Ó Giollagáin, C. (2014b) ‘From revivalist to undertaker: new developments in official policies and attitudes to Ireland’s ‘First Language’’. *Language Problems and Language Planning* 38(2), 101–127.
- Ó Giollagáin C., Mac Donnacha, S., Ní Shéaghdha, A., Ní Chualáin, F. agus O’Brien, M. (2007) *Staidéar Cuimsitheach Teangeolaíoch ar Úsáid na Gaeilge sa Ghaeltacht: Tuarascáil chríochnaitheach* [Comprehensive linguistic study of the use of Irish in the Gaeltacht: Final report]. Baile Àtha Cliath: The Stationery Office.
- Ó Giollagáin, C. agus Charlton, M. (2015) *Nuashonrú ar an Staidéar Cuimsitheach Teangeolaíoch ar Úsáid na Gaelige sa Ghaeltacht* [Update of the comprehensive linguistic study of the use of Irish in the Gaeltacht: 2006–2011]. Na Forbacha: Údaras na Gaeltacha.
- Ó Giollagáin, C., Camshron, G., Moireach, P., Ó Curnáin, B., Caimbeul, I., MacDonald, B. agus Péterváry, T. (2020a) *Gaelic Crisis in the Vernacular Community: A comprehensive sociolinguistic survey of Scottish Gaelic* [GCVC]. Obar Dheathain: Aberdeen University Press.
- Ó Giollagáin, C., Camshron, G., Moireach, P., Ó Curnáin, B., Caimbeul, I., MacDonald, B. agus Péterváry, T. (2020b) ‘Research Digest of the The Gaelic Crisis in the Vernacular Community: A comprehensive sociolinguistic survey of Scottish Gaelic’. Inbhir Nis: UHI Language Sciences Institute: <https://www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/research-themes/humanities-and-arts/language-sciences-institute/publications/research-digest/>.
- Ó Giollagáin, C. & Caimbeul, I. (2021) ‘Moving beyond asocial minority-language policy’. *Scottish Affairs* 30(2), 178–211.
- Ó Giollagáin, C., Caimbeul, I., Ó Curnáin, B., Camshron, G. agus Moireach, P. (2022a) ‘Including the threatened first-language vernacular community in Gaelic promotion and protection: A rebuttal to McLeod *et al.*’ *Scottish Affairs* 31(1), 122–132.
- Ó Giollagáin, C., Caimbeul, I., Ó Curnáin, B., Camshron, G. & Moireach, P. (2022b) ‘Reality of the Gaelic crisis needs addressed: A response to McLeod and others, from Conchúr Ó Giollagáin, Iain Caimbeul, Brian Ó Curnáin, Gòrdan Camshron, Pàdruig Moireach’, *West Highland Free Press*, 20 Faoilleach 2022.
- Ó Giollagáin, C. agus Moireach, P. (2021) ‘State of the Nation Review – Scotland, Language: The Gaelic Crisis in Scotland’, *Carn Iml.* 180–181, 7–11. <https://www.celticleague.net/carn/>.
- Riaghaltas na h-Alba (2023): *Bile nan Cànan Albannach* (30 Samhain 2023): <https://www.parlamaid-alba.scot/bills-and-laws/bills/scottish-languages-bill>.
- Rothach, G., Mac an Tàilleir, I. agus Dòmhnallach, B. (2016) *Comas is Cleachdadh Cànan sa Choimhearsnachd, agus an Cunntas sluaigh*. Aithisg airson Bhòrd na Gàidhlig. Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig.
- Soillse (2022): Co-labhairt Soillse, Steòrnabhagh, 29–31 Lùnastal 2022: ‘<http://www.soillse.ac.uk/aithris-na-co-labhairt/>’.
- Wilson, B. (2023) ‘Two sides of the same Celtic coin’, *Stornoway Gazette* (18 Samhain 2023): <https://www.stornowaygazette.co.uk/business/two-sides-of-the-same-celtic-coin-4414738>.